Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
Aithisg Bhliadhnail/Annual Report 2013-14

Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

3 **Ro-ràdh bhon neach-cathrach**
Chairperson's introduction

5 **Buill a' Bhùird-stiùiridh agus buill nam pannalan comhairleachaidh**
Board membership and advisory panels

6 **Lèirmheas a' Cheannaird**
Chief Executive's review

8 **Luchd-obrach**
Staff

7 **Prìomh ghnìomhachd**
Main activity

18 **Compàirteachadh**
Partnership

19 **Sùil air adhart**
The road ahead

AITHISG BHLIADHNAIL 2013-14
Annual Report 2013-14

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
An Tosgan
54 Rathad Shìophoirt
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2SD
Fòn: 01851 700 880
Facs: 01851 700 870
oifis@storlann.co.uk
Àireamh chlàr.: SC 190298

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
An Tosgan
54 Seaforth Road
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2SD
Phone: 01851 700 880
Fax: 01851 700 870
oifis@storlann.co.uk
Reg no.: SC 190298

www.storlann.co.uk

RO-RÀDH BHON NEACH-CATHRACH
Chairperson's Introduction

Jim Whannel, Comhairle Bhaile Ghlaschu
Jim Whannel, Glasgow City Council

Thairis air an t-seisean a dh'fhalbh tha piseach air sìor thighinn air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig tarsainn na dùthcha, agus tha an t-iarrtas airson chùrsaichean do luchd-ionnsachaidh air sìor fhàs. Tha àite fior chudromach aig Stòrlann ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid goireasan buntainneach, tarraingeach a dhèanamh airson na roinne, agus gum faigh luchd-ionnsachaidh gu lèir prìomh innealan gus taic a thoirt don ionnsachadh aca. Cuideachd tha dleastanas oirnn cothroman trèanaidh deagh-ghnè a thoirt do luchd-obrach.

Mar phàirt de choileanadh nan amasan againn, chaidh stuthan saidheans ùra a sgaoileadh agus cuideachd sreath nobhailean ùra, le tuilleadh air an t-slighe. Tha sinn cuideachd a' cruthachadh ghoireasan ann an riochdan ùr-nodha leithid app Geamannan a' Cho-fhlaitheis agus an riochd air-loidhne aig Faclair na Sgoile.

Mar phàirt den dleastanas a bhith a' toirt seachad trèanadh, tha sinn a' leantainn leis a' cho-labhairt bhliadhnail shoirbheachail againn, An t-Alltan, a bhios a' toirt thidsearan bho air feadh na dùthcha cruinn còmhla airson dà latha gus sùil dhlùth a thoirt air prìomh chùisean. Tha e cuideachd an urra rinn An t-Alltan Beag a chur air dòigh. Bidh seo a' toirt cothrom do luchd-obrach nan tràth bhliadhnaichean na sgilean aca ann a bhith a' lìbhrigeadh GME nan Tràth Bhliadhnaichean a leudachadh. Mar fhreagairt do chùisean a tha ag èirigh san roinn againn, ghabh sinn làn phàirt san t-seiminear air Feumalachdan Taic a Bharrachd a chaidh a chumail san Òganmhios ann an Oilthigh Dhùn Èideann agus a cheadaich tuilleadh cnuasachaidh air feumalachdan sònraichte FMG.

Tha prìomh àite aig Stòrlann ann a bhith a' toirt seachad pròg ram ùraichte airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig sa Bhun-sgoil, mar thoiseach tòiseachaidh sa chànan do chlann air feadh na dùthcha. Sna bliadhnaichean a tha romhainn, tha e follaiseach gum bi againn ri tuilleadh ghoireasan deagh-ghnè do luchd-ionnsachaidh a lìbhrigeadh.

Tha sinn fhathast a' faighinn maoineachadh susbainteach agus taic bho Riaghaltas na h-Alba; cha b' urrainn dhuinn am pròg ram a lìbhrigeadh às aonais seo. Tha Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' toirt dhuinn ionmhas riatanach. Bu toigh leam taing a thoirt do ar co-obraichean ann an Riaghaltas na h-Alba agus aig Bòrd na Gàidhlig airson an taic, gun dearmad a dhèanamh air Dr Alasdair Allan a tha na dheagh charaid don chànan.

Air a' bhliadhna seo ghluais sinn dhan Tosgan, an seo ann an Steòrnabhagh. Tha seo mar chomharra air mar a tha am buidheann a' fàs agus air a' cho-obrachadh dhlùth a tha sinn a' dèanamh còmhla ri buidhnean eile a tha a' cuideachadh ath-bheothachadh a' chànain.

'S ann aig an àm thogarrach seo dhan Ghàidhlig agus do Stòrlann a bhios mi a' leigeil dhìom mo dhreuchd air a' Bhòrd. Bu mhath leam an cothrom seo a ghabhail gus taing a thoirt don h-uile duine sa bhuidheann, agus nas fharsainge na sin, airson an obair gun lasachadh a tha iad a' dèanamh airson a' chànain, agus mar sin a' dèanamh cinnteach gun lean a' Ghàidhlig na pàirt bunaiteach, beothail de dhualchas beairteach na h-Alba.
Suas leis a' Ghàidhlig!

Jim Whannel

RO-RÀDH BHON NEACH-CATHRACH
Chairperson's Introduction

Jim Whannel, Comhairle Bhaile Ghlaschu
Jim Whannel, Glasgow City Council

Over the past session Gaelic-medium education has continued to prosper across the country and the demand for Gaelic learners' courses has also continued to grow. Stòrlann Nàiseanta plays a crucial role in ensuring that engaging, relevant resources are produced for the sector ensuring that all learners are provided with key tools to support their learning. In addition we are remitted to provide practitioners with high quality training opportunities.

As part of the delivery of our aims, new science materials have been provided and also a range of new novels, with more on the way. We are also creating resources which are in new and innovative formats such as the Commonwealth Games apps and the online dictionary, Faclair na Sgoile.

As part of our role in delivering training, we continue to deliver the national conference An t-Alltan, successfully bringing teachers from across the country together for a 2-day, in depth focus on key issues and we also organise An t-Altan Beag which provides early years' practitioners with an opportunity to extend their skills in the delivery of Early Years GME. Responding to issues arising within our sector, we have participated fully with the Additional Support Needs seminar in June hosted by Edinburgh University opening up further reflection on the particular needs of the GME sector.

Stòrlann is a key player in the delivery of a revitalised programme for Gaelic Learners in the Primary School, a first introduction to the language for young children across the country. The delivery of high quality resources for learners will clearly be an area for growth in sessions to come.

We continue to receive substantial funding and support from the Scottish Government without which the programme could not be delivered and of course from Bòrd na Gàidhlig which also provides the organisation with much needed funding. I would like to thank colleagues in the Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig for their support and of course Dr. Alasdair Allan who continues to be a stalwart friend of the language.

Over the session we moved into expanded premises within An Tosgan, here in Stornoway, reflecting the growth of the organisation and our close partnership working with other organisations supporting the rebirth of the language.
It is at this exciting time for Gaelic and for Stòrlann that I will be standing down from the Board. I would like to take this opportunity to thank everyone in this organisation and beyond who work tirelessly for the language thereby ensuring that Gaelic continues to be a fundamental, vibrant aspect of Scotland's rich cultural heritage.
Suas leis A' Ghàidhlig!

Jim Whannel

BUILL A' BHÙIRD-STIÙIRIDH
Board Membership

Jim Whannel, Comhairle Bhaile Ghlaschu
Jim Whannel, Glasgow City Council
Neach-cathrach I Chairperson

Donnchadh Lauder, Comhairle Bhaile Dhùn Èideann
Duncan Lauder, City of Edinburgh Council

Dòmhnall MacLeòid, Comhairle Earra-ghàidheal agus Bhòid
Donald MacLeod, Argyll and Bute Council

Catriona NicIllFhinnein, Comhairle nan Eilean Siar
Catherine MacLennan, Comhairle nan Eilean Siar (resigned)

Catriona NicIllFhinnein, Comhairle nan Eilean Siar
Catherine MacLennan, Comhairle nan Eilean Siar
(resigned)

Dòmhnall MacLeòid, Comhairle nan Eilean Siar
Donald MacLeod, Comhairle nan Eilean Siar.

Coinneach Moireach, Comhairle na Gàidhealtachd
Kenneth Murray, Highland Council (started 02/10/13)
Iar Neach-cathrach I Vice-chairperson

Eàirdsidh MacIlleathain, Sabhal Mòr Ostaig
Archie Maclean, Sabhal Mòr Ostaig

Daibhidh Craig, Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath (resigned)
David Craig, North Lanarkshire Council
(Resigned)

Raibeart Dalzell, Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath
Robert Dalzell, North Lanarkshire Council

Thàinig Catriona NicIllinnein, Eileanan Siar, David Craig, agus Chris De Plano, Peairt far a' Bhùird air a' bhliadhna seo. Tha Stòrlann a' toirt taing chridheil dhaibh le chèile airson an obair agus an taic thar nam bliadhnachan.

Catherine MacLennan, David Craig and Chris De Plano left the Board during the year. Stòrlann would like to thank them both for their work and their support over the years.

Thug na leanas seachad comhairle mar bhuill phannalan is eile:
The following individuals also advised, as panel members and in other capacities:

Catrìona Chaimbeul; Fionnlagh Coineagan; Iain Cuimeanach; Tormod MacArtair; Ruairidh Mac a' Phiocair; Iain MacIlleChiar; Dòmhnall Iain MacLeòid; Peadar Morgan; Nancy Nic a' Ghobhainn; Chrisma NicDhòmhnaill; Jo NicDhòmhnaill; Julie NicNèill; Anna NicSuain; Rut Chaimbeul; Ena Pheutan, Fiona NicAonghais, Mairead NicÌomhair; Murchadh Peutan; Ruairidh MacIlleathain; Danaidh Clelland; Gillebrìde MacIlleMhaoil; Morag Stiubhart

LÈIRMHEAS A' CHEANNAIRD
Chief Executive's Review

Dòmhnall MacGilleMhoire, Ceannard
Donald Morrison, Chief Executive

Is e bliadhna inntinneach agus shoirbheachail a bha seo do Stòrlann. Mar is àbhaist, is e goireasan ionnsachaidh a chruthachadh airson foghlam Gàidhlig a tha mar phrìomhachas aig a' bhuidhinn agus chaidh sin a choileanadh a rèir nan amasan a bh' air an aontachadh le na buidhnean maoineachaidh.
A thuilleadh air goireasan ionnsachaidh, chaidh leantainn le seirbheis taic airson phàrantan agus clann, le fiosrachadh agus seirbheis taic obair-dachaigh. Tha e follaiseach gu bheil meas air na seirbheisean seo, le àrdachadh às ùr air nochdadh anns na h-àireamhan a tha gan cleachdadh.

Rinn a' bhuidheann imprig anns an Dùbhlachd le gluasad bho Cidhe Steòrnabhaigh gu oifis ùr aig Rathad Shìophoirt ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile. An cois bhuannachdan eile, thug an gluasad seo dhuinn an cothrom leudachadh a dhèanamh air comas stòradh leabhraichean is ghoireasan.

Thar nam bliadhnachan, tha Stòrlann air ròl sònraichte a ghabhail os làimh le bhith a' leasachadh briathrachas ioma-chuspaireil airson raon foghlam Gàidhlig. Chaidh goireasan briathrachais a leudachadh air a' bhliadhna seo le Faclair na Sgoile ga ullachadh mar ghoireas air-loidhne agus leudachadh a' leantainn le briathrachas ùr ann an stòr dàta an t-Seotail.

Lean an obair ann an dlùth dhàimh ri luchd-teagaisg a thaobh taic agus fiosrachadh mu stuthan is cùisean proifeiseanta. Bha còrr is ceud an làthair aig an Alltan anns an Aghaidh Mhòir san Dàmhair. Air an latha roimhe sin, bha suas ri lethcheud aig an Alltan Bheag, an tachartas trèanaidh nàiseanta airson luchd-stiuiridh sheirbheisean Gàidhlig nan tràth bhliadhnaichean.

Mar gach buidheann, tha Stòrlann mothachail air àm dùbhlanach a thaobh na h-eaconamaidh. Aig a' cheart àm far a bheil an t-iarratas airson seirbheisean taic ann am foghlam Gàidhlig a' dol am meud, le àireamhan a' fàs, tha na stòrasan maoin air leth teann. A dh'aindeoin nan dùbhlan seo chaidh aig Stòrlann air teachd-a-steach na buidhne àrdachadh tro chùmhnantan agus reic agus leudachadh a thoirt air raon nan goireasan gu ruige feumalachdan sònraichte ann am foghlam.

Tha Stòrlann a' leantainn frèam stiùiridh Curaicealam airson Sàr Mhathais, agus ri dèanamh ceangal làidir eadar an stiùireadh, na stuthan, agus an cànan. Aig ìre a bhith a' liubhairt amasan agus poileasaidh nàiseanta airson foghlam agus airson àrdachadh cànan na Gàidhlig, tha Stòrlann a' gabhail làn-phàirt le ballrachd air caochladh bhuidhnean-obrach Nàiseanta. A thuilleadh air an sin tha Stòrlann a' togail stiùir bho aithisgean luchd-sgrùdaidh, toraidhean rannsachaidh agus fiosrachadh à dùthchannan eile airson modhan-obrach ùra, èifeachdach a lorg.

Tha a' bhuidheann a' dèanamh cleachdadh farsaing air na meadhanan sòisealta mar dhòigh air na fìor chothroman a tha an lùib cultar agus cànan na Gàidhlig a thoirt gu aire sgoilearan, phàrantan agus luchd-teagaisg.

Thairis air a' bhliadhna, neartaich Stòrlann ceangalan ri buidhnean nàiseanta mar Foghlam Alba, Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba agus Comunn Luchd-teagaisg Àrd-sgoile . Tha na ceangalan seo air leth cudromach aig àm far a bheil gluasadan bunaiteach a' dol air adhart le cuspairean san àrd-sgoil agus cànanan aig ìre na bun-sgoile.

Tha an aithisg bhliadhnail seo ag amas air tar-shealladh a thoirt air an obair san robh Stòrlann an sàs thairis air a' bhliadhn' ionmhais a chaidh le corra eisimpleir de na stuthan a chaidh fhoillseachadh ann an raointean foghlaim, taic do phàrantan, taic do luchd-teagaisg is stiùiridh fòghlaim, àrdachadh cànain ann an dachaighean agus obair leasachaidh briathrachas Gàidhlig.

Tha gach mìr den adhartas a tha Stòrlann a' dèanamh an crochadh air an sgioba agus lìonra fharsaing de luchd-solarachaidh. Bu mhath leam taing mhòr a thoirt don mhuinntir sin airson an cuid taic agus deagh ghean.

A' coimhead air adhart, tha na h-amasan nàiseanta airson Gàidhlig ann an Alba a' seasamh mu ar coinneamh mar dhùbhlan, gu seachd àraidh an lùib chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig anns an àrd-sgoil. Tha targaid chruaidh airson fàs ann an àireamhan nan sgoilearan air a sheulachadh anns a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2012-17. Thairis air na bliadhnaichean a tha romhainn, nì Stòrlann, ann an co-bhonn ri ùghdarrasan liubhairt fòghlam Gàidhlig, a h-uile saothair airson ar cuibhreann fhèin de na h-amasan sin a choileanadh, tro ghnìomhan a tha torrach agus gu buannachd na Gàidhlig ann an Alba.

Le spèis agus dùrachd

Dòmhnall MacGilleMhoire

Ceannard

LÈIRMHEAS A' CHEANNAIRD
Chief Executive's Review

Dòmhnall MacGilleMhoire, Ceannard
Donald Morrison, Chief Executive

For Stòrlann, this has been an interesting and successful year. As usual the company's priority has been to create learning resources for Gaelic education, and this was achieved in line with the targets which had been agreed with the funding organisations.

In addition to learning resources, the support service for parents and children continued, with information and homework help. The further increase in user numbers shows clearly that these services are appreciated.

In December the company moved from Stornoway Harbour to a new office in Seaforth Road, in partnership with other Gaelic bodies. One of the advantages of the move is additional capacity for storing books and resources.

Over the years, Stòrlann has taken on the special role of developing terminology for multiple subjects in the sphere of Gaelic education. Terminology resources were expanded over the year with Faclair na Sgoile being converted to an on-line resource and continuing development of new terminology in the An Seotal database.

We continued to work closely with teachers in relation to support, information, materials and professional matters. Over a hundred attended the Alltan in Aviemore in October. On the previous day nearly fifty people were present at the Alltan Beag, the national training event for early years Gaelic service providers.

In common with other bodies, Stòrlann is aware that this is a challenging time for the economy. While demand for support services in Gaelic education increases, as numbers increase, funds are severely restricted. Despite these challenges, Stòrlann managed to raise the company's income through contracts and sales, and to extend the range of resources to special educational needs.

Stòrlann follows the guidance framework for the Curriculum for Excellence, and ensures a close correlation between the guidance, the materials and the language. Having membership on various National working-groups, Stòrlann plays a full part in delivering national targets and policy for education, and promoting the Gaelic language. In addition, Stòrlann takes guidance on new, effective methods from HMI reports, research findings and information from other countries.

The company makes extensive use of the social media to draw the attention of pupils, parents and teachers to the real opportunities which are available through Gaelic culture and language.

Over the year, Stòrlnn strengthened its ties with national bodies such as Education Scotland, Scottish Qualifications Authority and CLÀS, the Secondary Gaelic Teachers' Association. These links are particularly important at a time when fundamental changes are taking place in relation to subjects in secondary school and to languages in primary school.

This annual report seeks to give an overview of the work in which Stòrlann was involved in the past financial year, with some examples of the materials which were published in the fields of education, support for parents, support for teachers and directors of education, language promotion in the home and the development of Gaelic terminology.

Every tiny aspect of Stòrlann's progress depends on the team and on a wide network of suppliers. I would like to thank these people for their support and goodwill.

Looking to the future, the national targets for Gaelic present us with a challenge, especially in relation to Gaelic medium subjects in secondary school. A demanding target for growth in the number of pupils is laid out in the National Gaelic Plan for 2012-17. In the coming years, working together with authorities who deliver Gaelic education, Stòrlann will make every effort to deliver its share of these targets, by activity which bears fruit and will be for the good of Gaelic in Scotland.

Le spèis agus dùrachd

Dòmhnall MacGilleMhoire

Ceannard

LUCHD-OBRACH
Staff

Leòdhas Lewis

Dòmhnall U MacGilleMhoire, Ceannard
Donald W Morrison, Chief Executive

Dòmhnall I MacRisnidh, Ceannard Phròiseactan
Donald J MacRitchie, Head of Projects

Criosaidh NicRath, Oifigear Leasachaidh, Pròiseact Briathrachais (0.4)
Chrissie MacRae, Development Officer, New Terminology (0.4)

Mairead NicIlleathain, Manaidsear Oifise (0.9)
Margaret MacLean, Office manager (0.9)

Seonag Nic a' Mhaoilein, Neach-rianachd Phròiseactan (gu 31/12/13)
Johanna MacMillan, Project Administrator (retired 31/12/13)

Mòrag NicIlleathain, Eadar-theangair
Morag MacLean, Translator

Màiri T. NicDhòmhnaill, Neach-rianachd Phròiseactan (0.7 gu Dùbhlachd 2013)
Mairi T. MacDonald, Project Administrator (0.7 until December 2013)

Aonghas MacNeacail, Neach-taic Rianachd
Angus Nicholson, Admin Assistant

Inbhir Nis Inverness

Catrìona Mhoireach, Oifigear Dearbhadh Càileachd

Port Rìgh Portree

Aonghas I MacDhòmhnaill, Oifigear Curraicealaim (0.6)
Angus J MacDonald, Curriculum Officer (0.6)

Niall Mac a' Ghobhainn, Ceannard Seirbheisean Leasachaidh
Neil Smith, Head of Development Services

Emma Burrows, Sgrìobhaiche Cùrsa (0.6)
Emma Burrows, Course Writer (0.6)

Uibhist a Tuath North Uist

Màiri NicRisnidh, Oifigear Curraicealaim
Mairi MacRitchie, Curriculum Officer

Beinn na Faoghla Benbecula

Sarah NicEachainn, Oifigear Curraicealaim
Sarah MacEachen, Curriculum Officer

Ceann Rois Kinross

Áine Dhruimeanach, Prìomh Neach-dealbhachaidh (Clò)
Anne Drummond, Principal Designer (Publications)

PRÌOMH GHNÌOMHACHD:
PRÒGRAM FOILLSEACHAIDH
Main Activity: Publication Programme

Thugadh prìomhachas a-rithist do phròiseactan a' phrògram foillseachaidh, air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig. Bha prìomhachasan trì bliadhna air an stèidheachadh roimhe tro shreath de choinneamhan co-chomhairleachaidh agus b' e 2011-12 a' bhliadhna mu dheireadh den phròg ram. Bha prìomhachasan air an daingneachadh le pannalan comhairleachaidh agus leis a' bhuidhinn eadar-ùghdarrais MRG.

Tha fiosrachadh gu h-ìosal air goireasan a chaidh fhoillseachadh a rèir ìre ann an 2013/14 agus on uair sin, goireasan ùra do sgoiltean agus obair a tha a' dol air adhart an-dràsta.

Priority was again given to projects on the publication programmes funded by The Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig. Three-year priorities had been set through a series of consultation meetings and 2011-12 saw the final year of this three-year programme. Priorities were subject to approval by Advisory Panels and by the MRG consortium of Local Authorities in receipt of Specific Grant.

Detailed below, are the resources published by level in 2013-14 and more recently, new resources to schools, plus ongoing work.

Air Am Foillseachadh

Ron-sgoil

Ath-chlò-bhualadh de chairtean RnaG, le audio
Audio Bookbug
Co-là-breith Spot
Càit a bheil Spot?

Bun-sgoil

'Smathsin, comaig air-loidhne
Beathaichean nan àrainn fhèin
Sgòrnagair
Dùbhlan an t-Strainnseir
Cuach a' Charthannais
Stuthan dràma air-loidhne
Mìrean
Blàr Sliabh a' Chlamhain

Publications

Pre-school

HC Flashcard reprint with audio
Bookbug audio
Co-là-breith Spot
Càit a bheil Spot?

Primary

'Smathsin online comic
Animals in their Habitats
Glubbslyme
Dùbhlan an t-Srainnseir
Cuach a' Charthannais
Online Drama material
Mìrean
Blàr Sliabh a' Chlamhain

Àrd-sgoil

Mealladh - Notaichean an Tidseir
Giglets
Ceumannan 4
Bathair bog Saidheans Daydream
A' Ghearmailt 1918-1939
Fo-dheuchainnean 2013-14
Fo-dheuchainnean N5 2013-14
Faclair na Sgoile Air-loidhne

GLPS

Stuthan air-loidhne rim priontadh
Apps air-loidhne - Dathan agus Àireamhan

Eile

Geamannan a' Cho-fhlaitheis
Stiùireadh SQA do thidsearan/sgoilearan

Secondary

Mealladh Teachers Notes
Giglets
Ceumannan 4
Daydream Science software
A Ghearmailt 1918-1939
Prelims 2013-14
Prelims N5 2013-14
Faclair na Sgoile Online

GLPS

Online printable resources
Online apps - Colours and Numbers

Additional

Geamannan a' Cho Fhlaitheis
SQA Teacher/pupil guidance docs

EISIMPLEIR case study

Goireas le comas eadar-obrachail air-loidhne airson Geamannan a' Cho-fhlaitheis, 2014

Mar phàirt den othail a' cuartachadh Geamannan a' Cho-fhlaitheis am-bliadhna ann an Glaschu, chruthaich Stòrlann goireas le comas eadar-obrachail air-loidhne a ghlac spiorad nan Geamannan. Tha an goireas tarraingeach seo a' cur fòcas air na seachd spòrsan deug a bha aig Glaschu 2014 agus air dùthchannan a' Cho-fhlaitheis. Tha e a' brosnachadh ionnsachadh gnìomhach agus 's e goireas feumail tar-churraicealam a tha ann fhathast ged a tha na Geamannan seachad.

Anns a' phasgan tha postair le brataich dùthchannan a' Cho-fhlaitheis; postair a' sealltainn nan seachd spòrsan deug a bha aig Glaschu 2014; stigearan ag ràdh a' chiad àite, Tha mise math ann an sgioba, Bhuannaich sinne!, 'S math a rinn sibh!, Rinn an sgioba againne gu math!; seat chairtean le fiosrachadh agus gnìomhan air gach fear de na seachd spòrsan deug; agus seat chairtean le dàta mu gach dùthaich sa Cho-fhlaitheas.

Leasaichidh an stuth gu lèir sa ghoireas sgilean litearrachd agus àireamhachd na cloinne, agus gabhaidh a chleachdan le clann nan aonar no mar bhuidheann.

Brosnaichidh agus leasaichidh na cairtean spòrs sgilean àireamhachd, litearrachd agus rannsachaidh, agus faodar cairtean nan dùthchannan a chleachdadh ann an diofar dòighean gus fòcas a chur air aon dùthaich no coimhead air a' Cho-fhlaitheas gu lèir.

Chaidh geamannan eadar-obrachail air-loidhne a chruthachadh a bha stèidhte air an fhiosrachadh mu na spòrsan. Chaidh an goireas ionnsachaidh spòrsail seo a thionndadh an uair sin gu app airson fònaichean-làimhe agus thablaidean. Tha Spòrs 2014 ri fhaotainn an-asgaidh airson siostaman Android agus iOS.

Chuir Stòrlann Goireas Geamannan a' Cho-fhlaitheis air bhog aig Amar-snàmh Rìoghail a' Cho-fhlaitheis ann an Dùn Èideann, le taic bho sgoilearan bho Bhun-sgoil Taobh na Pàirce.

Gus an goireas a shanasachd agus sgoiltean a bhrosnachadh gu bhith ga chleachdadh, chaidh co-fharpais nàiseanta a chur air bhonn. Bha farpais aon-neach ann airson sgeulachd a sgrìobhadh, agus farpais sgioba airson bhidio no podcast a dhèanamh, air cuspair sam bith ag èirigh à Geamannan a' Cho-fhlaitheis. Bha dà ìre ann, BS5-7 agus ÀS1-3, agus chuir mòran aig gach ìre a-steach airson na farpais. Bha inbhe na Gàidhlig agus na susbaint le chèile rim moladh.

Chaidh goireas Geamannan a' Cho-fhlaitheis a leasachadh agus a dhealbhadh le sgioba Stòrlann, le taic bho Sealgar IT. Chaidh teacsa na susbaint a sgrìobhadh le Mòrag NicIlleathain. Chaidh na postairean, na stigearan agus na cairtean a dhealbhadh le Anne Drummond. Dhealbhaich Niall Mac a' Ghobhainn an duilleag-lìn air a bheil an goireas. Chruthaich Dòmhnall Dòmhnallach, Sealgar IT na geamannan eadar-obrachail agus an app. Chaidh càileachd na susbaint gu lèir a dhearbhadh le Catriona Mhoireach.

As part of the national excitement focussing on Commonwealth Games 2014 in Glasgow, Stòrlann created a resource pack with on-line interactivity which encapsulated the spirit of the Games. This engaging resource focuses on the seventeen sports which featured in Glasgow and on the countries of the Commonwealth. It encourages active learning and is still a valuable cross-curricular resource although the Games are over.

The resource pack contains a poster of all the Commonwealth country flags; a poster showing all the seventeen sports at Glasgow 2014; stickers saying a' chiad àite, Tha mise math ann an sgioba, Bhuannaich sinne!, 'S math a rinn sibh!, Rinn an sgioba againne gu math!; a set of informative activity cards for each of the seventeen sports; and a set of data cards for the Commonwealth countries.

All the material within the resource develops children's skills in literacy and numeracy, and can be used by pupils individually or as a group.

The sports cards encourage and develop numeracy, literacy and research skills, and the country cards can be used in a variety of ways to focus on one specific country or to look at the whole Commonwealth.

Interactive online quizzes based on the information on the sports cards were produced. This fun learning resource was then versioned as an application for mobile phones and tablets. Spòrs 2014 is available free for both the Android and iOS systems.

Stòrlann launched the resource pack at the Royal Commonwealth Pool in Edinburgh, assisted by pupils from Taobh na Pàirce primary school.

To publicise the resource and to encourage its use in schools, a national competition was launched. There was an individual writing competition for a story, and a team competition for a video or podcast, inspired by the Commonwealth Games. The competition had two levels, for P5-7 and S1-3, and Stòrlann received a very high number of entries from both levels, with a high standard of Gaelic language usage and content.

The Commonwealth Games 2014 pack was developed and designed by the Stòrlann staff, with support from Sealgar IT. The content text was written by Morag Maclean. The posters, stickers, information cards and quizzes were designed by Anne Drummond. Neil Smith designed the web page which hosts the material. Donald MacDonald, Sealgar IT, created the interactive quizzes and the app. All the content was quality assured by Catriona Murray.



EISIMPLEIR case study

An Leigeil Seachad

Tha Blake na shàr-chluicheadair dhan sgioba ball-coise ionadail aige, ach tha trioblaid aig a mhàthair a thaobh airgid. Tha a h-uile coltas ann gum feum an dithis an dachaigh aca fhàgail agus falbh a dh'fhuireach còmhla ri seanmhair Blake ann am baile eile. Chan eil athair timcheall no na chuideachadh dhaibh ann a bhith a' pàigheadh a' mhàil. Ach an uair sin tha cothrom a' tighinn rathad Bhlake. Tha an gnothach a' coimhead furasta gu leòr, nach eil? An dèan Blake an rud a tha ceart?

Tha cothroman deasbaid gu leòr an lùib na sgeòil seo do sgoilearan eadar ceann shuas na bun-sgoile agus ceann shìos na h-àrd sgoile. Tha cuspairean moralta agus sòisealta a' togail ceann. Dè dhèanadh na sgoilearan nam biodh iad an àite Blake? Dè as cudromaiche, gum bi thu onarach no gun coimhead thu às dèidh do theaghlaich? An gabh an dà chuid dèanamh? Dè mura gabh?

Tha Sophie McKenzie air duaisean fhaighinn airson a cuid sgrìobhaidh do leughadairean òga. Tha an leabhar seo ag amas air balaich a thàladh gu leughadh le bhith gan glacadh le cuspair a tha gu math dlùth dhaibh – ball-coise. Tha iad cuideachd a' faighinn sùil air buaidh eucoir agus air mar a dh'fhaodas suidheachadh doirbh toirt air neach droch cho-dhùnaidhean a ruighinn. Chaidh an leabhar eadar-theangachadh le Ailig O' Henley a tha na fhear-aithris air spòrs dha na meadhanan. Tha e sgrìobhte ann an cànan siùbhlach a tha a' cur ri tlachd na sgeòil. Tha stuthan-taic gan deasachadh airson a dhol na chois.

Blake is the star player for his local football team, but his mother has money troubles. There's a chance that the two of them with have to give up their home and move in with Blake's Granny in another town. His dad isn't around and doesn't help with paying the rent. But then an opportunity comes Blake's way. It looks easy enough, doesn't it? Will Blake do the right thing?

There are plenty of discussion topics in this story for pupils in the upper primary up to lower secondary. There are moral and social issues. What would pupils do if there were in Blake's position? What's most important, that you are honest or that you take care of your family? Can you do both? What if you can't? Sophie McKenzie is an award winning author of young fiction. This title is aimed at boys using a subject close to their hearts – football. They also get a taste of the effects of crime and of how difficult situations can lead to bad decisions.

The book was translated by Ailig o' Henley, a sports reporter in media circles. It is written in a fluid style which adds to the enjoyment of the story. Supplementary resources are being produced to accompany the title.

EISIMPLEIR case study

Ceumannan 4

Chaidh Ceumannan 4 – an ceathramh leabhar ann an sreath do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san àrd-sgoil – a sgrìobhadh leis na h-aon amasan ris na trì leabhraichean eile a nochd roimhe.

'S iad sin sgilean Gàidhlig nan sgoilearan a thoirt air adhart ann an dòigh thlachdmhor, tharraingeach agus fheumail don neach-ionnsachaidh. Tha Ceumannan 4 stèidhichte air a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus a' coileanadh builean-ionnsachaidh ìre Nàiseanta 5 . Tha an cùrsa air a roinn ann an naoi aonadan agus anns gach aonad, gheibhear liostaichean de bhriathrachas ùr, obair a bharrachd a bhios a' daingneachadh nam puingean as cudromaiche san aonad, agus sùil air cuspairean cultarail co-cheangailte ris gach aonad. A bharrachd air 'Faclair Mòr' aig deireadh an leabhair, tha earrann shònraichte ann a' togail air puingean gràmair a nochd tron chùrsa. Tha cothroman gu leòr ann an Ceumannan 4 airson ICT a chleachdadh gu cunbhalach sa chlas Ghàidhlig. Tha pasgan do thidsearan an cois gach leabhar far am faighear freagairtean airson gach eacarsaich agus lethbhreac de gach earrann èisteachd a chaidh ainmeachadh san leabhar.

Air-loidhne, aig www.storlann.co.uk/ceumannan/leabhar4 gheibhear obair a bharrachd a ghabhas a luchdachadh a-nuas, agus gach earrann èisteachd san leabhar ann an cruth mp3 agus bhidiothan.

Tha obair ann an Ceumannan 4 airson gach ìre comais agus do sgoilearan le duilgheadasan sònraichte.

Tha sinn uabhasach toilichte cluinntinn air ais bho thidsearan a tha a' cleachdadh Ceumannan 4 sa chlas agus 's math gu bheil e a' còrdadh riutha uile! Cumaibh sùil a-mach a-nis airson an ath cheum againn… Ceumannan 5!

Ceumannan 4 was written with the same main aims as the previous Ceumannan courses (1-3) – to develop learners' language skills in a useful and attractive way.

The course is designed around Curriculum for Excellence and meets the learning criteria required for attainment of Gaelic Learners National 5 level. The course is made up of nine models containing word banks and new vocabulary lists, consolidation of previous work covered and also a useful focus on cultural knowledge and understanding relating to each of the nine topics. A Gaelic/English and English/Gaelic dictionary at the end of the book includes all language covered in the book and a section dedicated to consolidation of important Ceumannan 4 grammar points is also featured after the final unit. Opportunities to use ICT appear regularly throughout the course and a 'Teacher's Notes' folder (containing Listening Extracts, Answers and Language Games sections) accompanies the text.

www.storlann.co.uk/ceumannan/leabhar4 contains extension exercises for downloading and all Ceumannan 4 sound files and video extracts referred to throughout the course.

Ceumannan 4 caters for learners of all abilities as well as those with specific learning needs.

We are delighted that so many teachers are using Ceumannan 4 regularly and that it has been welcomed so warmly into Gaelic classrooms across the country! Watch this space for our next exciting Gaelic Learner adventure… Ceumannan 5!

An t-Alltan 2013

Co-labhairt do thidsearan Gàidhlig bho Stòrlann, 2 & 3 Dàmhair, san Aghaidh Mhòir.

Thàinig còrr is ceud riochdaire còmhla a rannsachadh iomairtean ionnsachaidh agus teagaisg do dh'fhoghlam Gàidhlig aig Ionad-Co-labhairt MhicDhòmhnaill san Aghaidh Mhòir.

Tha An t-Alltan a' toirt cothrom do thidsearan Gàidhlig tighinn còmhla a thoirt sùil air iomairtean teagaisg agus ionnsachaidh ùra tro shreath de dh'òraidean agus bùthan-obrach a tha ceangailte ri goireasan a th' air ùr nochdadh no a th' anns a' bheairt aig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Dh'fhosgail an Dr Donalda T. NicComb, Ceannard Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a' cho-labhairt, agus thug Julie Matthews Ceannard Bunscoill Ghaelgagh Eilean Mhanainn òraid seachad cuideachd.

A bharrachd air na bùthan-obrach gu h-ìosal, bha riochdairean bho CLÀS, SQA, Foghlam Alba, Sabhal Mòr Ostaig, am BBC, Tobar an Dualchais, agus Gaelic4Parents an làthair cuideachd.

A Conference for Gaelic teachers from Stòrlann, 2 & 3 October, Aviemore.

Over 100 teachers from all over Scotland joined us at MacDonald Aviemore Conference Centre to have a look at new initiatives for teaching and learning through a series of keynote speeches and workshops.

All were connected to new resources produced or in development by Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Opening the conference was Dr. Donalda T. McComb, Head Teacher, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu and also speaking at the event was Julie Matthews, Head Teacher, Bunscoill Ghaelgagh, Isle of Man.

In addition to the workshops listed below, also in attendance were representatives from CLÀS, SQA, Education Scotland, Sabhal Mòr Ostaig, BBC, Tobar an Dualchais, and Gaelic4Parents.

www.GAELIC4PARENTS.com

Tha www.gaelic4parents.com (G4P) a' tabhann ghoireasan do phàrantan chloinne a th' ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, daoine aig a bheil ùidh ann am FtMG agus do dhaoine aig a bheil ùidh sa chànan.

Sa bhliadhna a chaidh seachad chaidh leasachadh mòr a dhèanamh air an làrach a tha a' ciallachadh gun urrainn do dhaoine a chleachdadh gu h-èifeachdach air fònaichean-làimhe agus air coimpiutairean 'tablet' mar eisimpleir iPad no Nexus. Mar phàirt den ùrachadh seo chaidh am fiosrachadh a th' air an làraich a sgrùdadh às ùr agus ùrachadh far an robh feum air an seo.

Tha àireamhan luchd-tadhail fallain. Eadar 1 Giblean 2013 and 31 Màrt 2014 thadhail 26,827 neach air an làraich, àrdachadh de 26.45% air a' bhliadhna. Bha 50% dhiubh seo air tadhal roimhe. Bha 13,960 neach-tadhail fa leth ann, àrdachadh de 49.1% air a' bhliadhna roimhe. Uile-gu-lèir bha 98,504 taghadh duilleig ann.

Eadar 1 Giblean 2013 and 31 Màrt 2014 thadhail 26,827 neach air an làraich, àrdachadh de 26.45% air a' bhliadhna.

Rinn sinn ceanglaichean ri Urras Leabhraichean na h-Alba agus tha sinn a-nis a' cur faidhlichean fuaim air-loidhne de na leabhraichean 'Bookbug' aca a tha iad a' foillseachadh an co-bhonn ri Acair – tha sinn air fior dheagh bheachdan fhaighinn air ais bho phàrantan mun ghoireas seo.

Tha sinn air tuilleadh sanasachd a dhèanamh mu G4P agus bha sinn an làthair aig tachartasan leithid mòdan ionadail agus làithean fiosrachaidh Gàidhlig gus aire phàrantan a tharraing chun na làraich. Tha Nip, mascot G4P, air nochdadh aig grunn thachartasan tron bhliadhna agus tha e a' còrdadh ris na bhios an làthair.



www.gaelic4parents.com (G4P) provides resources for parents of children in Gaelic-medium education, those considering Gaelic-medium education and those interested in using the language.

In the past year the site has undergone major redevelopment meaning that it is now "mobile" and therefore suitable for use on smartphones and tablet computers, for example the iPad or Nexus. As part of this redevelopment the information on the site was checked and refreshed where appropriate.

Visitor numbers for the site as a whole are very healthy. Between 1st April 2013 and 31st March 2014 there were 26,827 visits to the site, an increase of 26.45% on the previous year. 50% of these were returning visitors to the site. There were 13,960 unique visitors a 49.1% rise on the previous year. In total 98,504 page views were clocked up on the site throughout the year.

We have developed connections with the Scottish Books Trust, we now host audio files of the titles in their 'Bookbug' scheme which they publish in partnership with Acair – we have received very positive feedback about this service from parents.

We have increased advertising about G4P and have attended events such as local mòds and Gaelic information days to promote the site. Nip, the G4P mascot' has appeared at various events across the year and is well received by those attending.

www.GAELIC4PARENTS.com

Taic Obair-dachaigh

Tha am pàirt seo de G4P air a mhaoineachadh le Comhairle nan Eilean Siar agus tha e a' tabhann seirbheis-taic air-loidhne (Liveperson) do phàrantan chloinne a tha an sàs ann an FtMG.

Tha Anna Màiri NicEanraig agus Inge Birnie ag obair nan luchd-taic. Tha Anna Màiri air a bhith còmhla rinn bho thòisich an t-seirbheis agus thàinig Inge dhan sgioba aig toiseach 2014. Tha àrdachadh a' tighinn ann an àireamhan luchd-tadhail 's Anna Màiri agus Inge a' faicinn nan aon cheistean a' tighinn a-steach a' toirt seachad beachd gur ann bho ghrunn phàrantan san aon sgoil a tha iad a' tighinn.

Tron bhliadhna (2013-14) tha 344 còmhradh fa leth air a bhith air an t-seirbheis a bharrachd air ceistean a chaidh a fhreagairt air fòraman G4P agur air an duilleag Facebook againn far a bheil 1,302 'like' againn.

Homework Help

This element of G4P is funded by Comhairle nan Eilean Siar and provides an online support service (Liveperson) for parents of children enrolled in GME . Anne Marie Henderson and Inge Birnie work as the support workers.

Anne Marie has been with us since the homework support service was started and Inge joined us at the start of 2014. The facility continues to increase in popularity with Inge and Janet noticing similar homework questions coming in, implying that the questions are coming in from several parents from the same school.

Across the year (2013-14) we have had 344 individual chats on the service together with answers to queries also provided through the G4P forums and the facebook page on which

Tron bhliadhna (2013-14) tha 344 còmhradh fa leth air a bhith air an t-seirbheis a bharrachd air ceistean a chaidh a fhreagairt air fòra-man G4P agur air an duilleag Facebook againn far a bheil 1,302 'like' againn.

anseotal

Tha coinneamhan cunbhalach agus co-obrachadh air leudachadh a thoirt air an stòr-dàta, anns a bheil am fiosrachadh a leanas:

Briathran ann am Beurla agus Gàidhlig
Fiosrachadh buntainneach eile, mar eisimpleir, gnè ainmearan, an iolra agus riochdan eile
Cuspair(ean) dham buin na briathran
Eisimpleirean cleachdaidh far a bheil seo iomchaidh
Stiùireadh air gràmar
Stiùireadh air fuaimneachadh
Duilleag briathrachais coimhearsnachd, far am faod luchd-cleachdaidh ceistean/molaidhean a chur a-steach
Goireasan foghlaim Gàidhlig
Cothrom briathran a rannsachadh a rèir na h-aibidil agus a' chuspair

Regular meetings and collaborative working continues to ensure the expansion of the An Seotal database which contains the following information:

Terms in English and in Gaelic
Other relevant lexicographical information, e.g. gender of nouns, plural and other forms
The subject area(s) to which these terms relate
Examples of usages where relevant
Guidance on grammar
Guidance on pronunciation
Community vocabulary page, where users can make enquiries/suggestions
Gaelic education resources
Terms searchable alphabetically and by subject

Tha goireasan neo-dhidseatach air an cruthachadh ann an co-bhonn ris 'An Seotal' rim faotainn. Thathas cuideachd a' cleachdadh mheadhanan sòisealta gus am fiosrachadh a th' air 'An Seotal' a sgaoileadh.

Non-digital resources produced in conjunction with 'An Seotal' are also available. Social media is also utilised to disseminate the information available on 'An Seotal'.

COMPÀIRTEACHADH
Partnership

Foghlam Alba
Lean com pàirteachas cuide ri Foghlam Alba, le fòcas ùr air lìbhrigeadh grunn ghoireasan eadar-ghnìomhach air-loidhne.

Bòrd na Gàidhlig
Stuthan taic ASN agus ro-mheasaidhean aig ìrean N5, Àrd Ìre agus Àrd Ìre Adhartach, Gàidhlig agus Gaelic.

Acair agus Comhairle nan Leabhraichean
Foillseachadh na sreath SGRÌOB sa bheil dusan nobhail Gàidhlig do sgoiltean.

Ùghdarras Theisteanas na h-Alba
Eadar-theangachadh air stuthan taic air-loidhne.

NHS na h-Alba agus RCSLIT
Co-obrachadh air Taic a Bharrachd agus air seirbheisean Tearapaidh Cainnt agus Cànain airson Foghlam Gàidhlig.

Oilthigh Heriot Watt
Co-leasachadh air eileamaidean Gàidhlig am broinn goireasan Saidheans SCHOLAR.

Education Scotland
Partnership continued with Education Scotland, with a new focus on the delivery of a number of online and interactive resources.

Bòrd Na Gàidhlig
ASN Support materials and preliminary assessments at N5, Higher and Advanced Higher stages Gaelic Learners and Fluent.

Acair and Comhairle nan Leabhraichean
Publishing of SGRÌOB series of twelve Gaelic novels for schools.

Scottish Qualifications Agency
Translation of online support materials.

NHSScotland and RCSLT
Collaborative working on Additional Support and Speech and Language Therapy services for Gaelic Education.

Heriot Watt University
Joint development of Gaelic elements within the SCHOLAR Science resources.

Comhairle Saic-eòlas agus Feumalachdan Sònraichte
Archie MacLullich agus Dr Fiona Lyon
Ùghdarran agus deasachadh: Chrisella Ross, Iain MacFhionghain, Catriona Lexy Chaimbeul, Morag Stiùbhart, Ishi NicIlleathain, Seonag Monk, MaryEllen Stiùbhart, Doileag NicLeòid, Anna NicSuain, Iain MacLeòid, Murchadh Peutan, Seònaid NicGhriogair, Dòmhnall MacAoidh

Foillseachadh: Puffin, Hodder Education, Giglets, Gomer Press, CEA, Acair, Pelican, Comhairle nan Leabhraichean
Dealbhachadh: Cànan
Seirbheisean: CNES, EMC, Sealgar, Point Media, Fèisean nan Gàidheal, MacDonald Resorts, MacDonald Conference Centre.

Risk Management Statement

Storlann as an organisation acknowledges the responsibilities of its Executive and Board with regard to risk. A risk register is held and reviewed by the board on a regular basis. The organisation is satisfied that major risks have been identified and that appropriate control systems have been established to manage the risks.

Aithris rùin air Làimhseachadh Chunnartan

Tha Stòrlann mar bhuidheann ag aithneachadh dleastanasan a Luchd-stiùiridh agus a Bhùird a thaobh chunnartan. Tha clàr chunnartan ga chumail agus ga ath-sgrùdadh gu cunbhalach leis a' bhòrd. Tha am buidheann riaraichte gu bheil iad air na cunnartan as motha a shònrachadh agus gun deach siostaman smachdachaidh freagarrach a chur air bhonn gus na cunnartan a làimhseachadh.

Amasan Stòrlann ann an 2014-15:

Thèid Stòrlann an sàs gu dealasach ann a bhith a' lìbhrigeadh Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2012-2017 le sùil gun tèid an àireamh a tha ag ionnsachadh agus a' bruidhinn na Gàidhlig an Alba a chur am meud;

Pròg ram leudaichte de phròiseactan a lìbhrigeadh, a bhios stèidhte air prìomhachasan foghlam Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig;

Tuilleadh ghoireasan ùr-nodha IT a chruthachadh;

Pàirt a ghabhail ann an co-chomhairleachadh agus luachadh air teagasg tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil còmhla ri luchd-teagaisg agus sgoilearan;

Goireasan a dheasachadh ann an Gàidhlig bho thùs far a bheil sin na chomas;

An tuilleadh maoineachaidh a lorg airson leasachadh ghoireasan agus gach cothrom a chleachdadh gus àireamh agus càileachd fhoillseachaidhean a mheudachadh;

Ceanglaichean a leasachadh le solaraichean ghoireasan taobh a-muigh Alba gus ionnsachadh bho fhiosrachadh chàich;

Seirbheisean-taic do thidsearan a leasachadh tro cho-obrachadh còmhla ri Foghlam Alba agus tachartasan nàiseanta air an lìbhrigeadh le Stòrlann is eile, me An t-Alltan;

Pàirt a ghabhail ann an leasachaidhean nàiseanta ann am foghlam Gàidhlig.

Stòrlann's aims for 2014-15:

Stòrlann will engage fully in the delivery of the National Gaelic Language Plan 2012-2017 with a view to securing an increase in the number of people learning, speaking and using Gaelic in Scotland;

The delivery of an extended programme of resources reflecting the priorities of the Gaelic education sector, The Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig;

The creation of further innovative IT based resources;

To develop the consultation and evaluation process of secondary Gaelic medium education with teaching staff and pupils;

The creation of original Gaelic resources where practical and the improvement of the quality of such resources;

To source additional funding for resource development and to capitalise upon every opportunity of increasing the range, scope and quality of publications;

The development of links with resource providers outside Scotland with the objective of sharing practice and establishing whether opportunities exist for co-working, particularly where this would facilitate cost savings;

To develop support mechanisms for teachers through co-working with Education Scotland and Bòrd na Gàidhlig, and through national events managed by Stòrlann and others, e.g. An t-Alltan;

Take part in national developments in Gaelic education.